



Geamhradh a' Phrionnsa

Bha i fiadhaich a-muigh. Bha frasan troma chlachan-meallain gan sadail air na h-uinneagan agus bha a' ghaoth a' sgreuchail 's a' caoineadh timcheall an taighe. Cha mhòr gun cuala sinn na marcaichean a' tighinn, bhon chùil bhlàth againn sa chidsin.

“Gu dè fo Shealbh,” arsa Mairead, an còcaire, “a dh'fhàgadh duine beò a-muigh air a leithid seo a dh'oidhche?”

“Cò aig tha fhios?” arsa Tòmas, am buidealair, ag èirigh gu chasan gu piantail, “ach 's fheàrr dhuinne a dhol a-mach gan cuideachadh, a Ruairidh.”

“Cha tèid gun cluinn sinn an glag,” thuirt mise. Ach ma thuirt, cha chualas an glag idir, ach an doras mòr a' fosgladh shuas an staidhre.

“Gu dè -?” arsa Tòmas, a' cur air a ghruag-bhrèige an taobh ceàrr.

“Seall,” arsa Mairead, a bha a-nis aig an uinneig. “Tha solas san stàball. Cò th' ann?”

Chaidh mi a-null. “Tha thu dall, a Mhairead,” arsa mise. “Do mhaighstir fhèin a th' ann.”

“Dè?” Thàinig Tòmas a-nall cuideachd. “Ach carson – ?”

Ach cha d' fhuair e air a' cheist a chrìochnachadh. Aig an dearbh mhionaid sin, dh'fhosgail an doras agus thàinig a' Bhaintighearna a-steach. Dh'fhosgail beul Mairead ach cha tàinig fuaim a-mach. Bha a sùilean mar dhà phutan mhòr chruinn.

“Suipear de dh'aran, ìm, uighean agus càise,” thuirt a' Bhaintighearna ann an guth àrdanach, mar gun robh i aig bàl seach na seasamh na gùn-oidhche sa chidsin.

“Cho luath 's a ghabhas. Agus thigibh air falbh on uinneig sin!”

Thàinig sinn air falbh sa bhad ach mar a thionndaidh mi, chunnaic mi an duine a bha còmhla ris a' Mhaighstir. Fear caol, ruadh, a' coimhead mun cuairt mar shionnach a' falach air na coin.

Chunnaic Mairead e cuideachd, ach chan fhaca Tòmas.

Bha ùpraid ann an uair sin 's sinn a' ruith a-null 's a-nall a' cruinneachadh thruinnsearan agus bha mi ro thrang airson smaoinachadh air sìon eile. Mu dheireadh ge-tà, dh'fhalbh Tòmas leis a' bhiadh agus bha cùisean sàmhach a-rithist. Thòisich Mairead a' nighe bhobhlaichean. Bha i a' bruidhinn rithe fhèin fo h-anail. Chaidh mi na b' fhaisge gus an cluinninn dè bha i ag ràdh, ach chlisg i agus thòisich i a' splaiseadh agus a' bragail nan soithichean.

Dè bha ceàrr oirre? Chuimhnich mi an uair sin air an duine chaol ruadh.

Cò bh' ann?

Dè bha fainear do mo Mhaighstir?